N5

Teisteanais
Nàiseanta
2022

X875/75/11 Nuadh-eòlas

DIARDAOIN, 5 CÈITEAN
13:00 F – 3:20 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Cion cho-ionannas sòisealta	*duilleag 06*
Pàirt D	Eucoir agus an Lagh	*duilleag 07*
Ceist 14		*duilleagan 08–09*

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 10*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 11*
Ceist 21		*duilleagan 12–14*

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

ROINN 1 — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharran

COMHARRAN

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A **AGUS** Ceist 7 **NO** Pàirt B **AGUS** Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	*duilleag 02*
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	*duilleag 03*
Ceist 7		*duilleagan 04–05*

PÀIRT A — DEAMOCRASAIDH ANN AN ALBA

Nad fhreagairtean airson Ceistean 1, 2 agus 3 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid à Alba a thoirt seachad.

Ceist 1

'S e deamocrasaidh a th' ann an Alba.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** phrìomh fheart de dheamocrasaidh ann an Alba. **4**

Ceist 2

Bidh Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA) a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca ann an grunn dhòighean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sam bi BPA a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca. **6**

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 3(a) **OR** 3(b)

Ceist 3

Tha grunn bhuannachdan agus eas-bhuannachdan an cois Siostam Bhall a Bharrachd (AMS).

(a) Mìnich, gu mionaideach, **an dara cuid** na buannachdan **no** na h-eas-bhuannachdan a tha an cois Siostam Bhall a Bharrachd (AMS).

Bu chòir dhut **trì** buannachdan aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

NO

Tha feadhainn ann an Alba nas eu-coltaiche pàirt a ghabhail ann am poilitigs na feadhainn eile.

(b) Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha feadhainn nas eu-coltaiche na feadhainn eile pàirt a ghabhail ann am poilitigs ann an Alba.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

PÀIRT B — DEAMOCRASAIDH SAN RÌOGHACHD AONAICHTE

Nad freagairtean airson Ceistean 4, 5 agus 6 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 4

'S e deamocrasaidh a tha san Rìoghachd Aonaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** phrìomh fheart de dheamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte. **4**

Ceist 5

Bidh Buill Pàrlamaid (BP) a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca ann an grunn dhòighean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh sam bi Buill Pàrlamaid a' riochdachadh luchd-taghaidh na sgìre-bhòtaidh aca. **6**

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 6(a) **OR** 6(b)

Ceist 6

Tha grunn bhuannachdan agus eas-bhuannachdan aig sìostam àireamh bhòtaichean as motha (FPTP).

(a) Mìnich, gu mionaideach, **an dara cuid** na buannachdan **no** na h-eas-bhuannachdan aig sìostam àireamh bhòtaichean as motha (FPTP).

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

NO

Tha feadhainn san Rìoghachd Aonaichte nas eu-coltaiche pàirt a ghabhail ann am poilitigs na feadhainn eile.

(b) Mìnich, **gu mionaideach**, carson a tha feadhainn nas eu-coltaiche na feadhainn eile pàirt a ghabhail ann am poilitigs san Rìoghachd Aonaichte.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt. **8**

[A-nis theirig gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

Ceist 7

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3, agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1

Riochdachadh bhoireannach ann am poilitigs na Rìoghachd Aonaichte

A dh'aindeoin 's gu bheil boireannaich a' dèanamh suas cha mhòr 51 sa cheud de dh'àireamh-sluaigh na Rìoghachd Aonaichte, tha iad fhathast gun riochdachadh iomchaidh ann am poilitigs na Rìoghachd Aonaichte. Ann an aithisg ann an 2019, chaidh an Rìoghachd Aonaichte a rangachadh 39^{mh} a-mach à 190 dùthaich nuair a thig e gu co-ionannachd phàrlamaideach. Tha co-ionannachd phàrlamaideach a' ciallachadh gu bheil a' cho-chuid de bhoireannaich ann am pàrlamaid nàiseanta co-ionann ri na h-àireamhan aca san àireamh-shluaigh san fharsaingeachd.

Ged nach d' fhuair boireannaich riochdachadh cothromach fhathast, tha co-chuid fhallain de riochdairean boireann ann an Taigh nan Cumantan. Tha piseach mòr air tighinn air na h-ìrean de riochdachadh boireann ann an Taigh nan Cumantan bhon taghadh choitcheann ann an 1992, nuair a bha boireannaich a' dèanamh suas nas lugha na 10 sa cheud de riochdairean taghte. Ach tha gluasad iomagaineach ann a bheir buaidh air riochdachadh bhoireannach ann an Taigh nan Cumantan, agus 's e sin an uimhir de Bhuill Pàrlamaid bhoireann a chuir romhpa nach seasadh iad airson ath-thaghadh ann an taghadh coitcheann na Rìoghachd Aonaichte ann an 2019 agus a thuirt gun robh iad a' falbh air sàillibh na h-ana-cainnt aingidh agus bagairtean air-loidhne a dh'fhuiling iad. Aig an aon àm, tha buidhnean iomairt leithid '50:50 Parliament' a' cumail orra a' strì airson co-ionannachd bhoireann anns a' phàrlamaid.


Tha comharran gealltanach de riochdachadh cothromach ann an ùghdarrasan tiomnaichte na Rìoghachd Aonaichte. Chunnacas buannachdan a bharrachd ann an riochdachadh boireann sa h-uile ùghdarras tiomnaichte thairis air an fhichead bliadhna a chaidh, agus ann am Pàrlamaid na h-Alba tha boireannaich air a bhith air ceann trì a-mach às na ceithir prìomh phartaidhean poilitigeach.

STÒR 2


Riochdachadh boireann ann am pàrlamaidean taghte bho air feadh an t-saoghail (2020)		
Dùthaich	**Àireamh-sluaigh bhoireann (%)**	**Boireannaich anns a' phàrlamaid (%)**
Canada	50	29
Sìona	48	25
Poblachd Dheamocratach a' Chongo (DRC)	52	13
Ceinia	50	22
A' Phòlainn	51	29
Ruanda	51	61
An Spàinn	51	44
Na Stàitean Aonaichte (USA)	50	27
An Rìoghachd Aonaichte	51	31

STÒR 3

Buill Pàrlamaid bhoireann air an taghadh airson Taigh nan Cumantan aig taghaidhean coitcheann na Rìoghachd Aonaichte (%)



Riochdachadh boireann ann an ùghdarrasan tiomnaichte na Rìoghachd Aonaichte (%)



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè na co-dhùnaidhean a dh'fhaodar a tharraing mu riochdachadh boireann ann am poilitigs?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu dheidhinn gach aon de na leanas

- adhartas a dh'ionnsaigh co-ionannachd ann an Taigh nan Cumantan
- riochdachadh boireann san Rìoghachd Aonaichte an coimeas ri dùthchannan eile
- na h-ùghdarrasan tiomnaichte san Rìoghachd Aonaichte a anns an robh am piseach as motha ann an riochdachadh boireann bho 1999
- an dùthaich far a bheil riochdachadh boireann nas fhaisge air co-ionannachd phàrlamaideach a choileanadh.

Feumaidh na co-dhùnaidhean agad a bhith le taic fianais bho na stòran. Bu chòir dhut fiosrachadh an taobh a-staigh agus eadar na stòran a cho-cheangal mar thaic do na co-dhùnaidhean agad.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[A-nis theirig gu ROINN 2 air *duilleag 06*]

ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C **AGUS** Ceist 14 **NO** Pàirt D **AGUS** Ceist 14

Pàirt C	Cion cho-ionannas sòisealta	*duilleag 06*
Pàirt D	Eucoir agus an Lagh	*duilleag 07*
Ceist 14		*duilleagan 08–09*

PÀIRT C — CION CHO-IONANNAS SÒISEALTA

Nad freagairtean airson Ceistean 8, 9 agus 10 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 8

Oidhirpean an riaghaltais gus neo-ionannachd a lùghdachadh

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh san do rinn an riaghaltas oidhirp gus neo-ionannachd a lùghdachadh. **4**

Ceist 9

Tha iomadh buaidh aig cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach air teaghlaichean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuaidh a tha aig cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach air teaghlaichean. **6**

Ceist10

Tha mòran bhuidhnean san RA a bhios a' fiosrachadh cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar airson gu bheil buidheann a sgrùd thu air cion cho-ionannas sòisealta agus eaconamach fhiosrachadh. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

Nad fhreagairtean airson Ceistean 11, 12 agus 13 bu chòir dhut eisimpleirean o chionn ghoirid às an Rìoghachd Aonaichte a thoirt seachad.

Ceist 11

Tha iomadh diofar dhreuchd aig siostam èisteachd na cloinne ann an Alba.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhreuchd a th' aig siostam èisteachd na cloinne ann an Alba. **4**

Ceist 12

Tha mòran bhuaidhean aig eucoir air teaghlaichean.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuaidh aig eucoir air teaghlaichean. **6**

Ceist 13

Tha roghainnean eile an àite prìosan èifeachdach mar pheanas.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar airson gu bheil roghainnean eile an àite prìosan èifeachdach mar pheanas. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

Ceist 14

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3, agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1


Leubaileadh gnìomhachd chorporra

Gach bliadhna, bidh an Rìoghachd Aonaichte a' cosg £47 billean gus ro-reamhrachd a leigheas, nì a tha mar eallach air an NHS. 'S e leubaileadh gnìomhachd chorporra aon dòigh sam faodar piseach a thoirt air slàinte san fharsaingeachd le bhith a' brosnachadh lùghdachadh anns an uimhir de chalaraidhean a thathar a' toirt a-steach. Bhiodh an leubail a' nochdadh mar shamhla beag a' sealltainn cia mheud eacarsaich a dh'fheumar gus na calaraidhean a gheibhear ann am biadh is deoch a losgadh. Ghabhadh an ro-innleachd seo a chleachdadh air pacaideadh, air leubailean sna mòr-mhargaidean agus air clàran-bìdh ann an taighean-bìdh. Dh'fhaodadh e a bhith na dhòigh gus cus ithe a lùghdachadh no gus daoine a bhrosnachadh barrachd eacarsaich a dhèanamh gus na calaraidhean a dh'ith iad a losgadh. Ann an taighean-bìdh agus bùithtean cofaidh, far am bi daoine ag ithe na mòr-chuid de bhiadhan le ìrean àrda de chalaraidhean, is àbhaist nach eil mòran leubaileadh ann. A rèir sgrùdadh a rinneadh o chionn ghoirid, tha taic ann airson leubaileadh gnìomhachd chorporra a thoirt a-steach agus, nuair a chaidh faighneachd dhaibh, thuirt daoine gun robh iad a' smaointinn gum faodadh e an dòigh-ghiùlain aca atharrachadh.

Ach a rèir sgrùdadh eadar-nàiseanta a rinneadh ann an 2020, cha robh lùghdachadh brìoghmhor san uimhir de chalaraidhean mar thoradh air leubaileadh gnìomhachd chorporra. Tha e aithnichte fad is farsaing nach bi daoine a' cur seachad ach beagan ùine a' toirt sùil air a' phacaideadh air biadh mus cuir iad romhpa am bi, no nach bi, iad ga cheannach. Air a h-uile biadh pacaichte ro-làimh, feumaidh leubail a bhith ann a tha a' taisbeanadh fiosrachadh àraid, agus feumaidh an leubaileadh uile a bhith pongail agus gun mì-stiùireadh. Dh'fhaodadh leubaileadh gnìomhachd chorporra troimh-a-chèile adhbharachadh ri taobh an leubailidh a th' ann an-dràsta. Tha eòlaichean air moladh gum biodh cìs grèim-bìdh ('snack tax') air briosgaidean, cèicean, seòclaidean agus suiteas nas buailtiche, an coimeas ri leubaileadh gnìomhachd chorporra, a bhith ag atharrachadh na bhios luchd-caitheimh a' ceannach agus a' dèiligeadh ri ro-reamhrachd. A bharrachd air sin, bidh mu dhà thrian de dh'inbhich san Rìoghachd Aonaichte a' dèanamh eacarsaich gu cunbhalach mar dhòigh air cumail fallain.

STÒR 2

Am biodh na leanas coltach do bhrosnachadh gus do chleachdaidhean-ithe atharrachadh?



STÒR 3

COMHARRAN

Can na th' agad ri ràdh

Nad fhaclan fhèin, ciamar a bheireadh tu cunntas air d' fhaireachdainnean mu leubaileadh gnìomhachd chorporra.

	**Molly** Bidh seo a' meudachadh thrioblaidean ithe, seach cuideachadh a thoirt dhan fheadhainn a gheibheadh buannachd à tuilleadh eacarsaich agus à call cuideim ann an dòigh shàbhailte, fhallain. Abair droch mholadh!
	**Josh** Bidh daoine a' gabhail beagan uallaich mar-thà airson an cuid roghainnean: tha sinn cheana glè fhiosrach air na leubailean-bìdh a th' ann an-dràsta agus cho cudromach 's a tha eacarsaich chunbhalach.
	**Nasir** Bidh ro-reamhrachd ag adhbharachadh uimhir de chùisean slàinte (leithid tinneas cridhe, stròcan agus tinneas an t-siùcair) agus, mar sin, ma bhios seo a' cuideachadh dhaoine gus ithe nas lugha, bu chòir fheuchainn.
	**Sophie** Tha teagamh agam am bi seo a' dèanamh diofar, oir cha bhi daoine a' toirt mòran aire do leubailean-bìdh. Tha tòrr fiosrachaidh air pacaideadh-bìdh mar-thà, agus ma bhithear a' cur ri sin, 's dòcha gum bithear a' cur dhaoine troimh-a-chèile.
	**Amina** Feumaidh am fiosrachadh beathachaidh a bhith furasta ri fhaicinn, soilleir agus furasta a leughadh, agus doirbh ri thoirt air falbh, agus cha bu chòir gum feumadh luchd-ceannaich am bathar fhosgladh gus am fiosrachadh fhaicinn.
	**Leo** 'S e duilgheadas mòr airson an NHS a bhith a' dèiligeadh ri tinneas an t-siùcair – 's fhiach rud sam bith a shàbhaileas airgead dhan t-seirbheis slàinte.
	**Maria** Cha bhi leubaileadh gnìomhachd chorporra ach a' feuchainn ri feabhas a chur air slàinte. Ma thathar a' dèanamh barrachd ghnìomhachdan corporra, leithid snàmh agus ruith, bithear a' cuideachadh gus ìrean ro-reamhrachd a lùghdachadh.

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, thoir adhbharan airson **taic** a thoirt do bheachd Sally Frost agus airson **cur an aghaidh** a' bheachd sin.

Bu chòir gum biodh leubaileadh gnìomhachd chorporra air a dhèanamh èigneachail san Rìoghachd Aonaichte.

Beachd Sally Frost

Nad fhreagairt, **feumaidh** tu

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' toirt taic do bheachd Sally Frost

AGUS

- fianais a thoirt seachad bho na stòran a tha a' cur an-aghaidh beachd Sally Frost.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran gu lèir. **10**

ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E **AGUS** Ceist 21 **NO** Pàirt F **AGUS** Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	*duilleag 10*
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	*duilleag 11*
Ceist 21		*duilleagan 12–14*

PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 15, 16 agus 17 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid ann an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 15

Tha cuid de dhaoine a' fiosrachadh chùisean sòisealta agus eaconamach.

Thoirt cunntas **mionaideach** air **dà** adhbhar gu bheil cuid de dhaoine a' fiosrachadh **an dara cuid** chùisean sòisealta **no** chùisean eaconamach.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh **4**

Ceist 16

Tha cuid de bhuidhnean ann nach eil a' faighinn riochdachadh co-ionann ann am poilitigs.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar nach eil cuid de bhuidhnean a' faighinn riochdachadh co-ionann ann am poilitigs.

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 17

Tha buaidh phoilitigeach aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar airson gu bheil buaidh phoilitigeach aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 12*]

PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

Nad fhreagairtean airson Ceistean 18, 19 agus 20 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid mu chùis san t-saoghal a tha thu air a sgrùdadh.

Ceist 18

Tha iomadh buaidh air a' choimhearsnachd eadar-nàiseanta bho chùisean an t-saoghail.

Thoir cunntas **mionaideach**, air **dà** bhuil den chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta air a' choimhearsnachd roinneil agus/no eadar-nàiseanta as fharsainge.

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **4**

Ceist 19

Is tric a bhios oidhirpean neo-armailteach air an dèanamh gus còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta fhuasgladh.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar a bhios oidhirpean neo-armailteach gan dèanamh gus a' chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta fhuasgladh.

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **6**

Ceist 20

Tha iomadh adhbhar eaconamach ann airson chòmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta.

Mìnich, **gu mionaideach**, **dà** adhbhar eaconamach airson còmhstri no cùis eadar-nàiseanta

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh. **6**

[A-nis theirig gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 12*]

Ceist 21

Thoir sùil air Stòran 1, 2, agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

Tha a' mhòr-roinn Florin, ann an Andacia, an impis Riaghladair ùr a thaghadh. Tha thusa nad neach-bhòtaidh ann am Florin agus tha thu eadar dà bharail a thaobh bhòtadh airson Avril Baker (Roghainn 1) no John Reynolds (Roghainn 2).

Roghainn 1 Bhòt airson Avril Baker	**Roghainn 2** Bhòt airson John Reynolds

STÒR 1



Avril Baker

Aois: 37

Nan robh mi air mo thaghadh mar Riaghladair, b' e na prìomhachasan cudromach agam:

An àrainneachd
Tha sealladh-dùthcha àlainn againn ann am Florin, agus ma tha mise air a' cheann, bidh an riaghaltas ag obair gus a' chumhachd aige a chur gu feum. Bidh sinn a' meudachadh lùth-gaoithe agus cumhachd nan tonn taobh a-staigh deich bliadhna, gus dèanamh cinnteach gum bi sinn air a' chùis a dhèanamh a thaobh atharrachadh gnàth-shìde.

Cìon-cosnaidh òigridh
Tha ar n-òigridh a' fulang anacothrom mòr agus cus dhiubh gun chothrom air an fheachd-obrach. Bidh riaghaltas ùr na mòr-roinne a' cruthachadh nuadh-phreantasachdan sa ghnìomhachas film is telebhisein gus car a chur san t-suidheachadh seo.

Cùisean LGBTQ
Bhithinn ag obair leis a' choimhearsnachd LGBTQ gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd sa h-uile lagh. Tha faireachdainn làidir sa mhòr-roinn gu bheil cuid de na laghan seann-fhasanta agus feumach air ath-leasachadh.

Amasan eile
Bidh mi ag obair gus an teachd-a-steach cuibheasach ann am Florin àrdachadh, oir tha e fhathast ìosal, agus a bharrachd air sin bidh mi ag amas air piseach a thoirt air lagh is rian air sàillibh nan ìrean àrda de dh'eucoir. Tha dùil-aoise ann am Florin bochd, agus bidh mise a' beachdachadh air dòighean san tèid piseach a thoirt air seo.



John Reynolds

Aois: 57

Nan robh mi air mo thaghadh mar Riaghladair, b' e na prìomhachasan cudromach agam:

Cìon-cosnaidh inbhich
Tha cion-cosnaidh inbhich ro àrd ann am Florin, agus bidh mise ga dhèanamh mar phrìomhachas cothroman a mheudachadh dhaibhsan a chaill an obraichean sna gnìomhachasan coilltearachd is ìasgaich.

Foghlam
Bidh mi a' dèanamh cinnteach gum bi maoineachadh airson sgoiltean is leabharlannan air a chur am meud agus gu bheil teicneòlasan didseatach air am meudachadh. Chaidh raon an fhoghlaim a dhearmad fad bhliadhnaichean.

Còmhdhail
Tha droch gheamhraidhean agus na tuiltean a thachair o chionn ghoirid air trioblaidean mòra adhbharachadh dha na rathaidean againn. Fon riaghaltas agam, bidh sinn a' cleachdadh shlighean eile airson rathaidean agus a' cur uachdar ùr orra gus an lìonra a leasachadh.

Amasan eile
Bidh mi airson turasachd a mheudachadh gu ìrean a fhuaradh ro COVID-19 mar thoradh air cho cudromach 's a tha turasachd don eaconamaidh ann am Florin. Cha bhi gu leòr òigridh ann am Florin a' cumail orra ann an àrd-sgoil, agus tha mi ag amas air seo atharrachadh. Tha plana agam cuideachd gus dèanamh cinnteach gum bi tuilleadh luchd-obrach meidigeach air am fastadh gus dèiligeadh ri gainnead sna h-ospadalan.

Ceist 21 (a’ leantainn)


STÒR 2

Staitistigs oifigeil

’S e Florin aon de na h-ochd mòr-roinnean ann an Andacia agus ’s e an fear as lugha ach aon a th’ ann. Ann an 2021, bha an àireamh-sluaigh aig cha mhòr 940,000.

	Florin	Andacia
Teachd-a-steach cuibheasach	$46,924	$59,574
Prìsean cuibheasach thaighean	$540,199	$721,967
Cion-cosnaidh inbhich	10.2%	6.2%
Coileanadh àrd-sgoil	84%	77%
Ìre de dh’eucoir (gach 100,000)	3.075	5.488
Dùil-aoise (bliadhnaichean)	82.5	80.1

Beachd a’ phobaill ann am Florin



Ceist 21 (a' leantainn)

STÒR 3

NAIDHEACHDAN FLORIN

Dè tha a' tachairt sa mhòr-roinn?

Tha gnìomhachas ann am Florin ag atharrachadh, oir chan eil mìltean de dh'inbhich a' faighinn cosnadh tuilleadh sna gnìomhachasan traidiseanta, coilltearachd agus iasgach. Tha gnìomhachasan ùra a' tighinn nan àite. Tha barrachd air 15,000 neach a-nis ag obair ann an gnìomhachas film is telebhisean agus tha companaidhean deasalach air barrachd dhaoine òga fhastadh.

Tha turasachd cudromach do Fhlorin agus is àbhaist gum bi an gnìomhachas a' cur billean dolair ris an eaconamaidh gach bliadhna. Ach, mar thoradh air a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19, chaidh teachd-a-steach bho thurasachd a ghearradh barrachd air leth, le àireamh nas lugha de luchd-turais a' tadhal air Florin. Tha gnothachasan a-nis ag iarraidh air riaghaltas Florin barrachd a dhèanamh gus taic a thoirt do thurasachd.

Tha deagh chliù aig Andacia thall-thairis, ach feumaidh grunn mhòr-roinnean, Florin nam measg, barrachd a dhèanamh gus am faicear iad mar chomann sòisealta co-ionann. Tha laghan fhathast anns a' mhòr-roinn nach eil a' cur air adhart co-ionannachd airson na coimhearsnachd LGBTQ. Tha luchd-iomairt air a bhith a' togail fianais an aghaidh an lagha a tha a' bacadh pòsadh aon-ghnèitheach.

Tha atharrachadh gnàth-shìde a' toirt buaidh air lìonra nan rathaidean taobh a-staigh na mòr-roinne, agus grunn rathaidean cha mhòr air an sguabadh air falbh am-bliadhna. Bha seo ri linn trom-shileadh còmhla ri barrachd leaghadh sneachda nas àbhaist a bhith ann. Tha buidhnean-strì na h-àrainneachd a' cur air adhart gum bu chòir bunan-lùtha uaine a chleachdadh barrachd, leithid lùth-gaoithe agus cumhachd nan tonn.

Tha fios ann gum bi riaghaltas Florin a' cur mòran airgid ann am foghlam. Sna beagan mhìosan a chaidh, fhuair a h-uile duine òg sna sgoiltean uidheam didseatach dhaibh fhèin gus an t-eòlas-ionnsachaidh aca a mheudachadh.

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, **an dàrna cuid** bhòt airson Avril Baker (**Roghainn 1**) **no** bhòt airson John Reynolds (**Roghainn 2**).

(i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, **dè an roghainn a thaghadh tu**?

(ii) Thoir adhbharan seachad a' cur **taic** ris an roghainn agad.

(iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na **trì** stòran uile. **10**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO